



## Leasan 20: Cleachdaidhean pòsaidh ann an Griomasaigh

Air ath-innse le Linda NicLeòid NicIllinnein

### Tar-sgrìobhadh

Tha cleachdaidhean pòsaidh is bainnsean air atharrachadh ann an iomadh àite thar nam bliadhnaichean.

Seo cuid de na cleachdaidhean a bha cumanta aig aon àm ann an eilean beag anns na h-Eileanan an Iar - Eilean Ghriomasaigh.

Nise, 's e fear na bainnse a chanadh iad ris an *fhear* a tha gus pòsaidh agus bean na bainnse ris an *tè* a bha e a' dol a phòsaidh. 'S e am fleasgach a theirte ris an duine a sheasadh le fear na bainnse agus maighdeann no maighdeannan ris a' bhoireannach no boireannaich a sheasadh le bean na bainnse.

Faisg air àm a' phòsaidh bhiodh an toiseach cruinneachadh ann ris an canadh iad "an còrdadh" no "an còrdadh beag". Bha sin airson 's gun cuirte air dòigh na bha ri thighinn, agus bha e gu h-àraidh airson athair fear na bainnse 's duine no dithis eile, airson beachdachadh air leithid deoch is biadh agus càit às an tigeadh sin.

Bhiodh an rèiteach ann às dèidh sin agus b' e sin an oidhche a bu mhotha. 'S ann seachdain ron bhanaid a bhiodh e ann. Bhiodh barrachd dhaoine an làthair agus am beachd cuid, cha bhiodh banais uair sam bith na b' fheàrr na rèiteach.

Bhiodh e air a chumail ann an taigh teaghlach bean na bainnse le eadar fichead ri deich air fhichead dhe na dlùth-chàirdean an làthair agus cha bhiodh am fiathachadh air a sgaoileadh uabhasach fada.

Bhiodh biadh is deoch is ceòl is spòrs gu leòr ann. Bha e mar chleachdadh aig na fir a b' ealanta air an teanga còmhraidh spòrsail a thòiseachadh 's a chumail a' dol, mar nach robh fios aca dè a b' adhbhar dhan chruinneachadh a bha seo.

'S dòcha gun canadh fear: "Gu dè thug cruinneachadh mar seo gu taigh Dhòmhnail a-nochd?" Agus an uair sin bhiodh fear eile a' freagairt 's ag ràdh: "Bhiodh e neònach mura biodh fios aig cuideigin sa chuideachd mun adhbhar."

Gun teagamh, *bha* fios aig a h-uile duine carson a bha iad ann, agus cha b' fhada gus am biodh dramaichean gan toirt dhan fheadhainn a bha an làthair.

Bha e na chleachdadh aig cuideigin a bha eòlach air an dà theaghlach bruidhinn agus e a' nochdadh a chuid eòlais air na teaghlaichean, agus a thoileachas gun robh an fheadhainn òga a' dol a phòsadh.

'S ann aig àm an rèitich cuideachd a bhiodh na pàrantan air an dà thaobh ag innse dè an tochradh a bha iad a' toirt dhan chàraid òg - 's e bha sin ach stuth eadar-dhealaichte a bhiodh na chuideachadh dhaibh gus dachaigh a stèidheachadh. Bhiodh e a' gabhail a-steach beathaichean, 's dòcha mart no dhà is leth-dusan caora bho pàrantan na tè a bha gus pòsadh, agus math dh'fhaodte pìos fearainn o phàrantan a' ghille. A bharrachd air stoc is talamh, bhiodh rudan eile anns an tochradh - rudan mar àirneis taighe, aodach leapa mar phlangaidean is cuibhrigean, agus buntàta is siol a bhiodh aca airson a chur as t-earrach - uile airson an dithis òg a chuideachadh gus an taigh aca fhèin a shuidheachadh.

An uair sin, an ceann na h-ath sheachdain, agus a h-uile nì air a chur air dòigh, bhiodh oidhche na bainnse ann, agus fiathachaidhean air an sgaoileadh fad is farsaing, Bha e mar chleachdadh iarraidh air sgioba de ghillean òga às an àite - 's dòcha sianar - a dhol mun cuairt na coimhearsnachd, a' tadhal air na taighean 's a' fiathachadh dhaoine chun na bainnse.

Bhiodh deoch gu leòr, ceòl gu leòr, 's dannsa gu leòr a' dol, a chumadh cùisean a' dol gu soilleireachd an latha agus a' ghrian a' cur roimhe èirigh.